

TEACHD-A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBRACH

Tha an earrann seo a' nochdadh mar a tha obair Triath Innse Gall agus Ban-diùc na Còirn air a mhaoineachadh agus a' mìneachadh dleastanasan an luchd-obrach aig an ìre as àirde. Tha a' chuid as motha den luchd-obrach agus de na h-imeachdan oifigeil agus carthannach air am pàigheadh a-mach à teachd-a-steach a' Phrionnsa fhèin bho Sgìre Diùc na Còirn.

CUNNTAS TEACHD-A-STEACH AGUS CAITEACHAIS

| Bliadhna gu ruige 31 Màrt | 2008 £000an | 2007 £000an |
|--|----------------|----------------|
| Teachd-a-steach agus maoineachadh | | |
| Diùcachd na Còirn | 16,273 | 15,174 |
| Tabhartasan-mar-Chuideachadh | 1,951 | 2,026 |
| Roinnean Riaghaltais | 503 | 428 |
| Teachd-a-steach agus maoineachadh iomlan | 18,727 | 17,628 |
| Caiteachas | | |
| Dleastanasan oifigeil agus gnìomhachdan carthannais | 7,997 | 7,260 |
| Tabhartasan-mar-Chuideachadh: | | |
| Oifis Lunnainn agus ionad-còmhnaidh oifigeil | 714 | 461 |
| Siubhal oifigeil adhair agus rèile | 1,157 | 1,485 |
| Taic conaltraidh | <u>80</u> | <u>80</u> |
| | 1,951 | 2,026 |
| Tursan thall thairis agus tànaisteachd chogail | 503 | 428 |
| Caiteachas oifigeil | 10,451 | 9,714 |
| Còrr an dèidh nan Cosgaisean Oifigeil | 8,276 | 7,914 |
| Cìs air barrachas | 3,429 | 3,434 |
| Caiteachas neo-oifigeil | 2,217 | 2,614 |
| Barrachas ag obrachadh | 2,630 | 1,866 |
| Caiteachas calpa (le isleachadh air a thoirt dheth), pàigheadh air ais iasadan agus cur a-null gu tasgadh | (2,436) | (1,671) |
| Barrachas airgid cruinn | 194 | 195 |

TEACHD-A-STEACH AGUS MAOINEACHADH

| | £millean |
|--------------------------|---------------|
| Diùcachd na Còirn | 16.273 |

Diùcachd na Còirn

Tha teachd-a-steach priobhaideach Prionnsa na Cuimrigh a' tighinn bho Dhiùcachd na Còirn, oighreachd a tha air a dèanamh suas le maoin àiteachais, malairt agus còmhnaidhe ann an Ceann an Iar-dheas Shasainn air a' chuid as motha. Tha uallach tasgaidh ionmhais aig an Diùcachd cuideachd.

Chaidh oighreachd na Diùcachd a chruthachadh ann an 1337 le Èideart 111 airson a mhic, am Prionnsa Èideart, agus b' e a' phrìomh obair a bh' aice teachd-a-steach a thoirt do Phrionnsa na Cuimrigh mar Oighre don Chrùn. Mar Dhiùc na Còirn an-dràsta, tha Prionnsa na Cuimrigh an sàs ann an ruith na Diùcachd agus bidh e dèanamh cinnteach gu h-àraidh gum bi an cleachdadh as fheàrr mu àiteachas, leasachadh seasmhach agus obrachadh ann an com-pàirteachais le luchd-aonta is le coimhearsnachdan ionadail aig cridhe modh-rianachd na Diùcachd. Tha am Prionnsa air sealltainn, tron Diùcachd agus tron charthannachd-bhidhe aige Duchy Originals, nach leig a bhith a' coimhead air adhart don ùine fhada 's a leasachadh choimhearsnachan ionadail agus a' cur taic ri ceàrdachd agus ailtireachd thraidiseanta, a bhith an aghaidh a bhith a' faighinn an toraidh as fheàrr a thaobh ionmhais.

Chithear an dòigh-obrachaidh seo ann an dèanadas ionmhais na Diùcachd. Bho thàinig Prionnsa na Cuimrigh gu bhith an urra ris an rianachd an dèidh dha 21 bliadhna dh'aois a ruighinn ann an 1969, tha fàs nach beag air a bhith ann am maoin calpa agus bho chaidh luachadh a thoirt a-steach, tha i air a dhol thairis gu mòr air a' mheudachadh air teachd-a-steach Prionnsa na Cuimrigh bhon oighreachd.

Gus dèanamh cinnteach gum bi an teachd-a-steach ri fhaotainn bho ghinealach gu ginealach fhathast, chan eil cothrom sam bith aig Diùc na Còirn air calpa na Diùcachd. Tha seo a' ciallachadh nach bi na gheibhear de bhuannachd bho reic na maoin calpa ga thoirt do Phrionnsa na Cuimrigh ach gan tasgadh a-rithist taobh a-staigh na Diùcachd. A bharrachd air seo, gus dèanamh cinnteach gun cuir rianachd air an Diùcachd cuideam gu leòr air dìon agus leasachadh na maoin calpa aice, chaidh reachdas a thoirt a-steach san 19mh linn gus an d'rachadh an Diùcachd a ruith air bonn malairteach agus gum biodh Roinn an Ionmhais mar gum b' ann na h-urrasair gus dèanamh cinnteach gum bi leas nan Diùc ri thighinn air a dhìon. Is e am prìomh rathad san dàn Roinn an Ionmhais seo le bhith a' ceadachadh a' ghnòthaich uile a' bualadh air talamh 's air maoin air a bheil luach £500,000 no barrachd. Tha cunntasan na Diùcachd gan cur fa chomhair na Pàrlamaid a h-uile bliadhna gus am faod i dearbhadh gu bheil a cuid uallaichean gan tarraing a-mach aig Roinn an Ionmhais a thaobh seo. Chaidh an dòigh san dèanar rianachd air an Diùcachd a dhaingneachadh às ùr le Roinn an Ionmhais ann an 2005.

Bidh an t-Urramach Rìoghail a' taghadh a' chuid as motha den teachd-a-steach aige bhon Diùcachd airson a chur gu feum gus na chosgais an obair-charthannachd a nì e fhèin agus Ban-diùc na Còirn a phàigheadh. 'S e fàs air teachd-a-steach air tasgaidhean ionmhais a bu mhotha bu choireach ris an àrdachadh 7 a-mach às a' cheud air barrachas na Diùcachd ann an 2007-08 ged a tha seo a lùghdachadh rud beag leis an àrdachadh nach beag air caiteachas air càradh is cumail suas.

Tha cunntasan bliadhnaile Diùcachd na Còirn air am foillseachadh le The Stationery Office (TSO) agus faodar an òrdachadh tron phost aig TSO, PO Box 29, Duke Street, Norwich NR3 LGN, air-loidhne aig www.tso.co.uk/bookshop, agus air fòn air 0870 600 5522. Tha iad cuideachd rim faotainn aig www.duchyofcornwall.org.

£millean

Tabhartasan-mar-Chuideachadh

1.951

Tha am maoin eachadh gus na cosgaisean oifigeil aig A' Bhànrigh mar Cheann na Stàite no mar thaic rithe air a thoirt seachad leis a' Phàrlamaid an àite teachd-a-steach bho Oighreachd a' Chrùin. Tha am maoin eachadh seo air a thoirt seachad ann an trì dòighean: (i) Liosta Chatharra airson Na Bànrigh agus Suim-bhliadhnaile bhon Phàrlamaid do Dhiùc Dhùn Èideann, (ii) Tabhartasan-mar-Chuideachadh, agus (iii) cosgaisean a phàigheas Roinnean Riaghaltais. Cha bhi Prionnsa na Cuimrigh no Ban-diùc na Còirn a' faighinn Liosta Catharra no Suim-bhliadhnaile bhon Phàrlamaid agus cleachdar na Tabhartasan-mar-Chuideachadh a thathar gan toirt do Theaghlach Na Bànrigh, gu ìre, mar thaic rin cuid ghnìomhachdan oifigeil.

Tha trì Tabhartasan-mar-Chuideachadh ann: Tabhartas-mar-Chuideachadh Seirbheisean Maoin, a phàigheas na cosgaisean an lùib cumail suas nan ionadan-còmhnaidh agus oifisean a chleachdas An Teaghlach Rìoghail agus an luchd-obrach aca, Siubhal Adhair agus Rèile Rìoghail agus an Tabhartas-mar-Chuideachadh Rìoghail a phàigheas airson nan turas a nì An Teaghlach Rìoghail agus an luchd-obrach aca le adhar agus rèile; agus an Tabhartas-mar-Chuideachadh Conaltraidh is Fiosrachaidh Rìoghail a tha gu math nas isle na na dhà eile agus a phàigheas airson feadhainn de na cosgaisean conaltraidh a bhios ag èirigh às leth an Teaghlach Rìoghail.

Tha cunntasan bliadhnaile gam foillseachadh airson nan trì Tabhartasan-mar-Chuideachadh. Tha copaidhean rim faotainn air www.royal.gov.uk no gheibhear iad bho Leas-ionmhasair na Bànrigh aig Lùchairt Bhuckingham, Lunnainn SW1A 1AA.

£millean

Roinnean Riaghaltais

0.503

Airson Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn, bidh Roinnean Riaghaltais a' pàigheadh a' chaiteachais airson luchd-obrach air iasad gu Seirbheis an Airm (£351, 303 air a chaitheamh le Ministreachd an Dìona ann an 2007-08) agus feadhainn de na cosgaisean an lùib nan turas oifigeil thall thairis a ghabhar os làimh air iarrtas bho Foreign and Commonwealth Office (£151,773 air a chaitheamh le Foreign and Commonwealth Office ann an 2007-08).

CAITEACHAS

| | £millean |
|--|--------------|
| Dleastanasan oifigeil agus gnìomhachdan carthannais | 7.997 |

Chaidh barrachd is 60 a-mach às a' cheud de theachd-an-steach Prionnsa na Cuimrigh an dèidh cìse bho Dhiùcachd na Còirn a chosg air dleastanasan oifigeil agus carthannais. A-mach às an £7.997 millean, ghabh cosgaisean luchd-obrach £5.4 millean no 68 a-mach às a' cheud. Tha sgrùdadh air caiteachas oifigeil ri fhaotainn air duilleag 53.

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' fastadh 146.5 de luchd-obrach làn-thìde no co-ionann ris. A-mach asta seo, tha 111 a' cur taice rim Mòrachdan Rìoghail, am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Araidh san àireamh, gus dleastanasan oifigeil agus carthannais a ghabhail os làimh agus tha 35.5 ri sgiobachd, gàirnealaireachd agus àiteachas.

Tha an clàr air duilleag 48 ag ainmeachadh an luchd-obrach oifigeil a rèir roinn Teaghlaich agus a' chosgais iomlan, tuarastal agus caiteachas eile san àireamh, aig gach roinn.

| | £millean |
|---|--------------|
| Tabhartasan-mar-Chuideachadh: Oifis Lunnainn agus ionad-còmhnaidh oifigeil | 0.714 |

Is e Taigh Chlarence an oifis ann an Lunnainn agus an t-ionad-còmhnaidh oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirn, aig a' Phrionnsa Uilleam is aig a' Phrionnsa Araidh. Thathar ga chleachdadh airson dinnearan, chuirmean agus choinneamhan oifigeil agus mar oifisean aig luchd-obrach Am Mòrachdan Rìoghail. Tha na prìomh sheòmraichean, a th' air làr iseal Thaigh Chlarence, fosgailte don phoball bhon Lùnastal gu ruige 'n Dàmhair gach bliadhna ged a tha iad dùinte fad beagan làithean aig an àm seo fhad 's a bhios Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc a' fuireach ann. Fhuair còrr is 2,000 neach fàilteachadh oifigeil aig Taigh Chlarence tron bhliadhna agus bha còrr is 25,000 de luchd-tadhail a' pàigheadh gu faighinn ann. Tha oifisean aig an Teaghlach ann an àiteachan eile ann an Lùchairt Sheumais cuideachd. 'S ann à Tabhartas-mar-Chuideachadh Seirbheisean Maoine a thig an t-airgead gus Taigh Chlarence agus na h-oifisean eile ann an Lùchairt Sheumais a chumail suas.

| | £millean |
|---|--------------|
| Tabhartasan-mar-Chuideachadh: Siubhal oifigeil adhair agus rèile | 1.157 |

'S e cuid chudromach den àite aig Prionnsa na Cuimrigh mar Oighre a' Chrùin, le Ban-diùc na Còirn, a th' ann daoine à àiteachan eadar-dhealaichte san Rìoghachd Aonaichte a thoirt còmhla gus àite sa mheadhan a chur air chois airson na rìoghachd agus a riochdachadh thall thairis. Gus seo a dhèanamh feumar mòran siubhail a ghabhail os làimh air mhodh a bheir a-mach feumalachdan a thaobh èifeachdachd, tèarainteachd agus riochdachaidh. Ann an 2007-08, shiubhail Am Mòrachdan Rìoghail 36,834 mìle air gnothach oifigeil san Rìoghachd agus thall thairis. Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 19,252 de mhiltean air siubhal thall thairis. B' e cosgais nan turas seo, gun siubhal ann an carbad fhèin san àireamh, £1.157 millean ann an 2007-08 agus chaidh a phàigheadh às an Tabhartas-mar-Chuideachadh airson Siubhail Rìoghail Adhair agus Rèile.

Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach chosgaisean caochlaideach airson nan turas a dhèanar le Squadron 32, Heileacoptar na Bànrìghe agus an Trèana Rìoghail. Tha seo mar seo seach gum bi cosgaisean stèidhichte ann co dhiubh a thèid na soithich-adhair no an trèana a chleachdadh gus nach tèid agus cha bhi iad ag èirigh à sgrìoban sònraichte. Gus mineachadh slàn fhaighinn, seallaibh ri Aithisg Bhliadhnail 2007-08 mun Tabhartas-mar-Chuideachadh airson Siubhail Rìoghail Adhair agus Rèile – a tha ri fhaotainn aig www.royal.gov.uk.

| | |
|---|--------------|
| | £millean |
| Tabhartasan-mar-Chuideachadh: Taic conaltraidh | 0.080 |

Bidh caiteachas a' tighinn air Oifis Prionnsa na Cuimrigh gus prògram conaltraidh a leasachadh agus a ruith, Oifis nam Meadhanan a chumail suas, an làrach-lìn aice ùrachadh agus leasachadh, fiosrachadh coitcheann agus fiosrachadh foghlaim a thoirt seachad do luchd nam meadhanan agus don phoball agus Oifigearan Mheadhanan a thoirt seachad a chuideachadh ris na meadhanan aig gnothach agus aig tursan oifigeil. 'S e Prionnsa na Cuimrigh e fhèin a phàigheas a' chuid as motha de na cosgaisean seo. An dèidh sin, ge-tà, tha feadhainn de na cosgaisean a bhios ag èirigh a chuideachadh ri luchd nam meadhanan aig gnothach oifigeil air feadh na rìoghachd, air a bheilear a' gabhail taic conaltraidh, air a bhith air am pàigheadh roimhe seo às an Tabhartas-mar-Chuideachaidh airson Conaltraidh agus Fiosrachaidh.

| | |
|--|--------------|
| | £millean |
| Luchd an airm air iasad agus air dleastanas thall thairis | 0.503 |

Bidh na h-Eachraichean (fear dhiubh làn-thìde agus dithis pàirt-thìde) agus triùir a-mach às a' cheathrar Oifigearan Riaghailteach air an toirt air iasad do dh'Fheachdan an Airm a chuideachadh ri Prionnsa na Cuimrigh agus ri Ban-diùc na Còirn dleastanasan oifigeil a gabhail os làimh. Tha dreuchd nan Eachraichean ga mineachadh air duilleag 49. B' e a' chosgais a thàinig air Ministreachd an Dìona air a shon ann an 2007-08 £351,303.

Bidh Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis a' pàigheadh nan cosgaisean an lùib nan Turas Oifigeil a bheir Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn thall thairis (ach a-mhàin cosgaisean-siubhail a tha gam pàigheadh a-mach às an Tabhartas-mar-Chuideachadh airson Siubhail Rìoghail Adhair agus Rèile). Ann an 2007-08, ghabh an t-Urramach Rìoghail tursan oifigeil os làimh gu Uganda, don Tuirc, gu Trinidad is Tobago, St. Lucia, Montserrat agus Jamaica. Ghabh am Prionnsa turas leis fhèin don Bheilg cuideachd. Tha na tursan seo gan gabhail os làimh air iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis airson an dàimh eadar an Rìoghachd agus dùthchannan eile air feadh an t-saoghail a leasachadh agus a neartachadh. Thàinig cosgais nan turas seo air Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis gu £151,773 ann an 2007-08.

| | |
|------------|--------------|
| | £millean |
| Cis | 3.429 |

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' pàigheadh cise teachd-a-steach ga dheòin fhèin ar barrachas Diùcachd na Còirn, fo na riaghailtean àbhaisteach a bhios a' bualadh air cis teachd-a-steach aig an ìre de 40 a-mach às a' cheud a th' ann an-dràsta, Tha VAT mar chuid de chis na bliadhna.

| | |
|--------------------------------|--------------|
| | £millean |
| Caiteachas neo-oifigeil | 2.217 |

A bharrachd air a bhith a' pàigheadh airson nan dleastanasan oifigeil aig Prionnsa na Cuimrigh agus aig Ban-diùc na Còirn, aig a' Phrionnsa Uilleam is aig a' Phrionnsa Araidh, beagan de ghnìomhachdan carthannais agus fiachan cise teachd-a-steach a' Phrionnsa, cleachdar an teachd-a-steach bho Dhiùcachd na Còirn gus caiteachais neo-oifigeil Prionnsa na Cuimrigh agus an teaghlach aige a phàigheadh.

Tha caiteachas neo-oifigeil a' gabhail a-steach cosgais nan tuarastal aig 12.5 de luchd-obrach no co-ionann ris, a' toirt leis rùnairean pearsanta, luchd-obrach ri sgiobachd agus cunntasan, còcairean, gillean-coise, luchd-dràibhidh agus luchd obrach airson Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirn, a' Phrionnsa Uilleam is a' Phrionnsa Araidh. A bharrachd air seo, tha 23 de luchd-obrach làn-thìde no co-ionann ris an oighreachd is an tuath, ri gairnealairachd agus ri obair nan stàball. Tha caiteachas pearsanta cuideachd a' gabhail a-steach, mar a' mhir aonair as motha, an cuibhreann iomchaidh den chosgais ceangailte ri Taigh Highgrove agus Birkhall, agus airson oighreachd agus gàrradh Highgrove a chumail suas. 'S e maoin carthannais phrìseil a tha sa ghàrradh, air am bi barrachd is 20,000 neach a' tadhal, an-asgaidh, a h-uile bliadhna.

Tha na toraidhean aig Tuath a' Bhaile, tuathanas organach a' Phrionnsa air Oighreachd Highgrove gan toirt a-steach fon cheann seo. 'S e tuath-obrach a th' ann an Tuath a' Bhaile, a chuir Prionnsa na Cuimrigh air bhonn gus na buannachdan a thaobh malairt agus na h-àrainneachd aig àiteachas organach a shealltainn. Bidh mu 2,000 neach a' tadhal air a h-uile bliadhna a dh'ionnsachadh mu àiteachas organach.

LUCHD-OBACH

Mar aig agus airson na bliadhna 31 Màrt 2008

luchd-obrach làn-thìde
no co-ionann ris

Cosgaisean oifigeil
£000an

Priomh Rùnaire Priobhaideach agus Luchd-cuideachaidh

3.5

Oifis nam Priomh Rùnairean

Rùnaire Priobhaideach

1.0

Leas-rùnairean Priobhaideach agus Luchd-cuideachaidh

7.2

Oifis a' Phrionnsa Uilleim agus a' Phrionnsa Araidh

3.9

Eachraichean

2.5

Luchd Phrògram agus Siubhail

4.0

Luchd-obrach Rannsachaidh agus Rianachd

10.8

Litrichean

3.1

36.0

2,182

Ionmhas, Sgiobachd agus Rianachd

Ionmhasair agus Neach-cuideachaidh

2.5

Ionmhas agus Cunntasan

7.5

Sgiobachd

5.7

Clàraidhean

4.0

19.7

1,947

Conaltradh

Rùnaire Conaltraidh agus Neach-cuideachaidh

2.0

Rùnaire nam Meadhanan

1.0

Rùnairean-cuideachaidh nam Meadhanan

2.0

Oifigearan nam Meadhanan agus Neach-deasachaidh Làrach-lìn

4.0

9.0

644

Ceannard Roinn an Teaghlach

Ceannard an Teaghlach agus Luchd-cuideachaidh

3.0

Buidealairean

2.0

Còcairean agus Luchd-giùlain

5.3

Oifigearan Riaghailteach

5.0

Fàilteachadh

1.0

Luchd-dràibhidh

2.5

Rianadairean Taighe agus Luchd-glanaidh

6.8

Gillean-coise agus Luchd-sgeadachaidh

1.5

Luchd-obrach Seòmar nan Ubhal

0.7

Gàirnealairean agus Luchd-obrach Oighreachd

9.9

37.7

3,224

The Prince's Charities

Stiùiriche agus Luchd-cuideachaidh

3.8

Leas-stiùiriche

1.2

Ceannard Leasachaidh

2.0

Comhairliche

0.8

Manaidsear Phròiseact

0.8

8.6

–

Luchd-obrach Oifigeil Iomlan aig 31 Màrt 2008

111.0

Cosgais iomlan nan dleastanasan oifigeil agus nan obraichean carthannais don bhliadhna gu ruige 31 Màrt 2008

7,997

A bharrachd air an fhiosrachadh gu h-àrd, tha 12 neach air am fastadh aig Urras Carthannais a' Phrionnsa agus iad aig obair pàirt-thìde air Pròiseact Coilltean-uisge a' Phrionnsa.

Oifisean

Is e a' phrìomh oifis aig Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn agus aig a' Phrionnsa Uilleam 's a' Phrionnsa Araidh, far a bheil a' chuid as motha den luchd-obrach aca ag obair, Taigh Chlarence agus seòmraichean eile ann an Lùchairt Sheumais ann am meadhan Lunnainn. Tha cosgaisean gus Taigh Chlarence agus Lùchairt Sheumais, còmhla ri na goireasan agus na fònaichean stèidhichte (ach chan e cosgaisean eile airson oifis Lunnainn) gam pàigheadh a-mach à Tabhartas-mar-Chuideachadh nan Seirbheisean Maoine. Tha oifisean airson luchd-obrach oifigeil aig ionadan-còmhnaidh Am Mòrachdan Rìoghail ann an Highgrove agus am Birkhell cuideachd gus cuideachadh ris a' Phrionnsa san obair a bhios a' dol air adhart aige. Mar sin bidh feadhainn de na cosgaisean a bhios ag èirigh à Highgrove agus Birkhall gan cur sìos mar chaiteachas air 'Dleastanasan oifigeil agus obraichean carthannais' ged a bhios a' chuid as motha de na cosgaisean ag èirigh às an dà ionad-còmhnaidh seo mar 'Chaiteachas pearsanta'.

EAGRACHADH LUCHD-OBRACH AGUS OIFIS

Am Prìomh Rùnaire Prìobhaideach

'S e am Prìomh-rùnaire Prìobhaideach am ball as àirde dreuchd ann an Teaghlach Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn agus e an urra ris a h-uile nì ceangailte ri rianachd air an Teaghlach agus ri stiùireadh air buidhnean-carthannais agus eagrachaidhean eile A Mhòrachd Rìoghail.

Oifis nan Rùnairean Prìobhaideach

Tha an Rùnaire Prìobhaideach an urra ri rianachd air Oifis nan Rùnairean Prìobhaideach bho là gu là. Bidh an Rùnaire Prìobhaideach, na Leas-rùnairean agus Rùnairean-cuideachaidh a' cur taice ri dleastanasan, gnothach agus obraichean carthannais Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn. Bidh iad a' cur leabhar-là A Mòrachd Rìoghail ri chèile, ag eagrachadh clàr nan turas aig an taigh agus thall thairis aca, a' cur ullachadh, fàilteachadh agus gnothach eile air dòigh, a' dèanamh rianachd air litrichean agus air rannsachadh is fiosrachadh mar thaic rin cuid obrach. Tha a h-uile Rùnaire Prìobhaideach an urra ri raointean sònraichte agus ri conaltradh a chumail ri eagrachaidhean Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn. Tha na dleastanasan sin, còmhla ris an fheadhainn aig an luchd-obrach eile aig an ìre as àirde, air an clàrachadh anns an Leasachan (faicibh duilleagan 58 agus 59). Bidh iad a' dèanamh cinnteach cuideachd gun cumar fios ri an t-Urramach Rìoghail mu cheistean an là agus gun tèid fiosrachadh a thoirt dha airson litrichean a bhios e a' sgrìobhadh gu Ministearan aig an Riaghaltas agus feadhainn eile aig ìre àrd agus ag ullachadh dhreachdan de na h-òraidean agus na h-altan aige. Bidh na Rùnairean Prìobhaideach a' faotainn taice bho luchd-rannsachaidh, luchd-cuideachaidh pearsanta agus luchd-obrach rianachd agus bidh iad ag obair gu dlùth leis an luchd-obrach ann an Oifis Rùnairean Prìobhaideach Na Bànrìghe.

Tha an Rùnaire Prìobhaideach an urra ri Oifis nan Eachraichean, a bhios ri co-òrdanachadh air clàr nan gnothach aig Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn. Tha Oifis nan Eachraichean a' dèanamh rianachd air leabhraichean-là nan Urramach Rìoghail gach là, a' cumail conaltradh ris an luchd-obrach, ris a' Phoileas agus ri eagrachaidhean air an taobh a-muigh agus a' cur a' phrògram air dòigh don ùine air thoiseach. Tha Oifis nan Eachraichean cuideachd ri rianachd air ullachaidhean giùlain agus siubhail airson nan gnothach oifigeil aig an taigh agus thall thairis. Mar as trice bidh grunnan de thursan thall thairis ann gach bliadhna. 'S e tha san Eachraiche oifigeil-airm air dleastanas air iasad bho Fheachdan an Airm don Teaghlach fad mu dhà bhliadhna.

A h-uile bliadhna gheibh Am Prionnsa agus Ban-diùc na Còirn na mìltean de chuiridhean bho raon farsaing eagrachaidhean sna roinnean poblach agus prìobhaideach. Bidh Am Mòrachdan Rìoghail agus an luchd-obrach a' gabhail beachd gu cùramach air a h-uile gin dhiubh. Bidh an t-Eachraiche a' cur comhairle ri na Rùnairean Prìobhaideach, ri Oifis nam Meadhanan agus eagrachaidhean gus dèanamh cinnteach anns na tursan aca gach bliadhna gun gabh Am Prionnsa agus Am Ban-diùc raon farsaing de chuspairean a-steach agus gun coinnich iad ri taghadh farsaing dhaoine ann an uimhir a cheàrnaidhean den rìoghachd agus a ghabhas.

Bidh an t-Eachraiche agus na h-Eachraichean Sealach cuideachd ag obair mar mheadhan-conaltraidh mu cheistean a tha a' bualadh air an arm agus air dìon. Tha ceangal dlùth aig Prionnsa na Cuimrigh ris an arm, chan ann a-mhàin ann am Breatainn ach sa Chofhlaitheas cuideachd. Tha ìre Ceannaird sa Chabhlaich rìoghail, Seanalair san Arm agus Ceannard-adhair san Fheachd-adhair Rìoghail aig a' Phrionnsa cuideachd.

Tha ceangal sònraichte aig a' Phrionnsa ri 12 de rèisimeidean. Tha e cuideachd na Honorary Air Commodore air Royal Air Force Valley, na Commodore-in-Chief air Royal Naval Command, Plymouth, na Air-Commodore-in-Chief air Royal New Zealand Air Force, na Colonel-in-Chief air Royal Australian Armoured Corps agus tha càirdeas sònraichte aige ri 10 rèisimeidean sa Cho-fhlaitheas mar Colonel-in-Chief.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh ri cur an seilbh aig Lùchairt Bhuckingham aig a' Phrionnsa a h-uile bliadhna cuideachd (rinn e 11 ann an 2007-08) agus bidh e a' frithealadh aig dreuchdan stàite às leth na Bànrìghe. Tha Oifis nan Eachraichean an urra ri na h-ullachaidhean aig na gnothaichean seo.

Tha Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirn, am Prionnsa Uilleam is am Prionnsa Araidh a' faighinn tòrr litrichean a h-uile bliadhna. Ann an 2007-08, mar eisimpleir, fhuair iad 31,935 de litrichean. Bidh daoine air feadh na cruinne a' sgrìobhadh gu Am Mòrachdan Rìoghail ach 's ann bhon Rìoghachd Aonaichte a bhios a' chuid as motha de na litrichean a' tighinn.

Bidh litrichean a' dèiligeadh ri farsaingeachd chuspairean agus gu tric thig iad mar thoradh air ceistean agus deasbadaan an là. Chì Am Mòrachdan Rìoghail taghadh farsaing de na litrichean agus sgrìobh Am Prionnsa 2,041 de litrichean e fhèin ann an 2007-08. Sgrìobh Ban-diùc na Còirn 1,294 dhiubh agus sgrìobh iad 13 còmhla. Nì nan Urramach Rìoghail cinnteach gum faigh litrichean air nach toir iad freagairt iad fhèin no na Rùnairean Prìobhaideach aca freagairt bho Roinn nan Litrichean às an leth. Far a bheil e iomchaidh, cuiridh Roinn nan Litrichean a-steach le freagairtean fiosrachadh mu obair-charthannais agus obraichean eile A' Phrionnsa, Ban-diùc na Còirn agus A' Phrionnsa Uilleam 's a' Phrionnsa Araidh, agus fiosrachadh eachdraidheil agus mìneachaidh airson sgoiltean agus daoine òga. A bharrachd air seo, gheibh Am Prionnsa agus Ban-diùc na Còirn mòran iarrtasan bho iomadh buidheann-carthannais agus eagrachadh eile airson tabhartasan no mìrean ri reic. Bidh Roinn an Ionmhais a' dèiligeadh ri iarrtasan airson tabhartasan agus bidh Roinn nan Litrichean a' dèiligeadh ri iarrtasan airson mìrean ri reic. Ged nach fhaodar freagairt a thoirt air a h-uile iarrtas airson mìrean ri reic, bheir A Mhòrachd Rìoghail seachad nithean mar amhlaidhean de na dathan-uisge aige, leabhraichean le ainm-sgrìobhte agus tursan air a' ghàrradh ann an Highgrove. Ann an 2007-08, thog mìrean a chaidh a thoirt airson an reic còrr is £150,000 airson buidhnean carthannais.

Oifis a' Phrionnsa Uilleim 's a' Phrionnsa Araidh

Tha an Rùnaire Prìobhaideach aig a' Phrionnsa Uilleam 's a' Phrionnsa Araidh an urra ri rianachd air an oifis aca bho là gu là, gnothach oifigeil agus obair-charthannais. Tha an oifis cuideachd a' tort seachad taice, dealbhachadh agus comhairle mu dhreuchdan nam Prionnsa san arm agus na dhèidh agus a' dèiligeadh ri ceistean rianachd pearsanta.

Oifis an Ionmhasair

Tha Oifis an Ionmhasair an urra ri Ionmhas, Sgiobachd is Rianachd agus Clàraidhean is Cunntasan. Tha an Oifis an urra cuideachd ri rian an fhiosrachaidh san Teaghlach. Aig ceann na roinne tha Ionmhasair a tha faighinn taice bhon Riaghladair Ionmhais agus bho Cheannard na Sgiobachd is na Rianachd.

Tha Roinn an Ionmhais a' riaghladh an ionmhas tro mheasgachadh de bhuidheanan bliadhna, chunntasan-rianachd mìosail agus rian is modhan-obrachaidh cunntasachd, gu h-àraidh gus caiteachas a cheadachadh. Tha i cuideachd an urra ris an luach as fheàrr fhaighinn air airgead agus tha cunntas ga cumail aice de thabhartasan agus de mhaoin nan Urramach Rìoghail.

Tha uallach ionmhais agus rianachd aig an Ionmhasair airson The Prince's Charities Foundation san Rìoghachd Aonaichte agus US Charitable Foundation. Tha i cuideachd an urra ri aonan de dh'fho-chompanaidhean malairt Urras na Rìoghachd Aonaichte, A' G. Carrick Earranta, a bhios a' faighinn an teachd-a-steach bho reic amhlaidhean nan dealbhan aig A' Phrionnsa agus à airgead-rioghalachd bho fhoillseachadh leabhraichean. Tha teachd-a-steach aig an dà Urras gach bliadhna de bharrachd air £6 millean. A bharrachd air seo, bidh an t-Ionmhasair a' cumail sùil air gnothaichean ionmhais nam buidhnean-carthannais aig A' Phrionnsa agus tha e an urra ri gnothaichean foillseachaidh, chunnraidhean agus laghail. Bidh an Teaghlach a' feuchainn ri àrainneachd-obrach thaitneach a chruthachadh agus ris am feum as motha fhaighinn às an obair a nì daoine air leth. Tha Roinn na Sgiobachd a' dèanamh rianachd air toirt gu buil nan amasan seo, a ghabhas a-steach fastadh luchd-obrach, tuarastal, ullachadh agus leasachadh dhreuchdan, conaltradh air an taobh a-staigh agus dàimh le luchd-obrach. Bidh e cur iasadan, shuidheachaidhean nàiseanta is eadar-nàiseanta agus cur an dreuchd air dòigh cuideachd. Tha rian-fiosrachaidh an Teaghlach air a thoirt seachad agus air a chumail suas air a' chuid as motha le roinn Rian an Fhiosrachaidh ann an Lùchairt Bhuckingham le cosgaisean an Teaghlach air am pàigheadh aig Prionnsa na Cuimrigh.

Tha ceathrar Neach-tasgaidh an urra ri rianachd a dhèanamh air na pàipearan uile mu bheatha phoblach Prionnsa na Cuimrigh bho dheireadh nan 1960an. Tha an t-Àrd-neach-tasgaidh a' dèanamh rianachd cuideachd air iarrtasan gum bi Am Prionnsa no Ban-diùc na Còirn mar Luchd-taice no nan Cinn-shuidhe air eagrachaidhean agus air an fheadhainn dhiubh sin a th' ann mar-thà. Tha dithis luchd-riaghlaidh chunntas an urra ri clàradh agus gleidheadh na maoinne gu lèir a bhuineas do Bhuidheann-conaltraidh nan Urramach Rìoghail.

Conaltradh

Mar an t-Oighre don Chrùn, tha ùidh mhòr aig a' phoball agus aig luchd nam meadhanan ann an obair Prionnsa na Cuimrigh agus ann am Ban-diùc na Còirn, sa Phrionnsa Uilleam is sa Phrionnsa Araidh. Is e obair Oifis nam Meadhanan fiosrachadh a thoirt seachad agus tuigse nas fheàrr a thoirt do luchd-èisteachd farsaing mu obair Prionnsa na Cuimrigh. Bidh Oifis nam Meadhanan cuideachd a' dèiligeadh ri ceistean luchd nam meadhanan airson Ban-diùc na Còirn agus nam Prionnsan agus bidh iad ag obair gu dlùth leis an fheadhainn ann an Oifis nam Meadhanan aig Lùchairt Bhuckingham mu cheistean mun mhonarcachd anns an fharsaingeachd.

Tha Rùnaire a' Chonaltraidh an urra ri Oifis nam Meadhanan, anns a bheil Rùnaire Mheadhanan, dithis Leas Rùnairean Meadhanan, dithis Oifigear Meadhanan, Leas Oifigear Meadhanan, Deasaiche làraich-lìn agus PA roinne.

Tha Oifis nam Meadhanan a' làimhseachadh cheistean mu obair agus àite Prionnsa na Cuimrigh agus mun fheadhainn aig Ban-diùc na Còirn, aig a' Phrionnsa Uilleam is aig a' Phrionnsa Araidh, a' dèiligeadh a h-uile bliadhna ri na mìltean de sgairtean bho luchd nam meadhanan ionadail, nàiseanta 's eadar-nàiseanta. Bidh an roinn a' cur ghoireasan air dòigh airson luchd nam meadhanan aig gnòthaichean poblach uile nan Urramach Rìoghail san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis agus a' sgoileadh nan ceudan de bhrathan-naidheachd, aithrisean airson nam meadhanan agus notaichean obrachaidh a h-uile bliadhna.

Tha cumail suas làrach-lìn Prionnsa na Cuimrigh – www.princeofwales.gov.uk - mar chuid de dh'obair Oifis nam Meadhanan cuideachd. Ann an 2007-08 tharraing an làrach-lìn meadhan de bharrachd air millean drùdhadh air duilleagan gach mìos agus tha fèill mhòr aig luchd nam meadhanan; luchd-rannsachaidh agus aig a' phoball anns an Rìoghachd Aonaichte 's thall thairis oirre mar ghoireas fiosrachaidh. A bharrachd air na naidheachdan as ùire mu gnòthaichean nan Urramach Rìoghail, tha an làrach-lìn a' toirt seachad fiosrachadh mun cuid obrach 's mun gnòthaichean carthannais cho math ri òraidean o chionn ghoirid, fiosrachadh eachdraidheil agus taisbeanadh dhealbhan. Tha fiosrachadh agus naidheachdan mun Phrionnsa Uilleam is mun Phrionnsa Araidh ri fhaotainn air an làraich cuideachd. Am measg nan rudan as motha tarraing air an làraich tha goireas bhidio a chraolas filmichean goirid mu ghnòthach is obraichean nan Urramach Rìoghail.

Roinn Ceann an Teaghlach

Tha Ceann an Teaghlach agus an roinn aige an urra ri ionadan-còmhnaidh, oifisean agus gàrraidhean nan Urramach Rìoghail, ri luchd-obrach sgiobachd agus ri fàilteachadh agus cuirmean a stiùireadh. Tha cuirmean nan cuid chudromaich de dh'obair Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn. An-uiridh thug iad aoigheachd do 8,162 neach aig Taigh Chlarence agus aig ionadan-còmhnaidh Rìoghail eile. Tha iad seo a' dol bho fhàilteachadh luchd-aoigheachd oifigeil agus luchd-mòralachd à dùthchannan cèin gu fleadhan agus cuirmean-ciùil mar bhuidheachas dhan fheadhainn a tha an sàs anns na buidhnean-carthannais A' Phrionnsa is Ban-diùc na Còirn. Ann an 2007-08, chùm Am Mòrachdan 75 de dh'fhàilteachaidhean, de cho-labhairtean agus de thràthan-bidhe.

Feumaidh a' chuid as motha den luchd-obrach a chuireas rian agus eagar air na rudan seo a bhith ag obair seachd là san t-seachdain agus a' chuid as motha de na h-oidhcheannan ag obair seachdain mu seach. Tha cosgais an luchd-obrach a chuidicheas ris A' Phrionnsa is ri Ban-diùc na Còirn mar dhaoine air leth air a chur fo chaitheachas pearsanta. Bidh buidhealairean ag obair mar luchd-fàilteachaidh do Am Mòrachdan Rìoghail, a' coinneachadh ri luchd-aoigheachd, a' cur stuth ithe 's òil air dòigh 's a' socrachadh nan seòmraichean. Bidh iad ag obair gu dlùth le rianadairean nan taighean a chumas sùil air ullachaidhean glanaidh is taigheadais agus le na còcairean.

Airson nan cuirmean is nam fleadhnan as motha, nì an luchd-rianachd stiùireadh air dealbhachadh is rianachd agus air ullachaidhean còcaireachd. Tha aon bhuidealair air dleastanas fad na tìde. Tha gillean-coise is oifigearan riaghailteach siubhail aig Prionnsa na Cuimrigh, a bhios ag obair mar dhithis seachdain mu seach gus a chuideachadh le èideadh oifigeil agus le a chuid aodaich fhèin. Nì na gillean-coise 's na h-oifigearan car an aon obair don Phrionnsa Uilleam is don Phrionnsa Araidh. Tha dithis de luchd-obrach aig a' Bhan-diùc a nì an aon obair dhi fhèin.

Bidh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' cur feum air an taigh aca fhèin ann an Highgrove agus gu h-àraidh Seòmar nan Ubhal na bhroinn, nuair a bhios aogheachd is fleadhachas a' dol aca. Chaidh Seòmar nan Ubhal a dhealbhadh agus a thogail leis A' Phrionnsa gus fàilte a chur air luchd-aogheachd le cuireadh. Ann an 2007-08 chaidh a chleachdadh airson 8 fàilteachaidhean, co-labhairtean agus ullachaidhean airson còrr is 700 de luchd-aogheachd agus bidh a h-uile duine a bhios a' tadhal air a' ghàrradh a' gabhail ti no cofaidh ann.

An-uiridh, thug Am Prionnsa 's A' Bhan-diùc cuireadh do chòrr is 23,000 neach dol timcheall air a' ghàrradh ann an Highgrove le deoch is biadh an dèidh làimh ann an Seòmar nan Ubhal. As t-samhradh, faodaidh gum bi suas ri naoi tursan anns a bheil 25 neach air an cumail gach là, rud is ionann is barrachd is 100 turas gach bliadhna (a' toirt àireamh iomlan nan turas bho chaidh an gàrradh fhosgladh don phoball ann an 1992 gu 175,000). Thug an luchd-tadhail tabhartasan de £149,180 do dh'eagrachaidhean-carthannais A' Phrionnsa. Cuideachd, bidh an fheadhainn a bhios a' frithealadh air fàilteachas oifigeil as t-samhradh a' tadhal air a' ghàrradh. Agus rùn aige dileab nàdarra Bhreatainn a ghleidheadh, tha Am Prionnsa a' cleachdadh a' ghàrraidh mar àrainn gus caochladh lusan, shitheanan agus chraobh a th' ann an cunnart a ghleidheadh is tha e an dòchas gum faic an fheadhainn a bhios a' tadhal nam buannachdan a tha an lùib rianachd nàdarra air fearann agus gàirnealaireachd organach.

Am measg na bhios a' tadhal air a' ghàrradh tha buidhnean-carthannais is buidhnean-gàirnealaireachd agus bidh oileanaich is luchd-rannsachaidh gàirnealaireachd ag obair anns a' ghàrradh rè na bliadhna. Tha na tursan is deoch is biadh an-asgaidh ach faodaidh an luchd-tadhail nithean a cheannach à Bùth Highgrove a bheir na prothaidean air fad aice do The Prince's Charities Foundation.

Tha sgioba ghàirnealairean an sàs aig A' Phrionnsa. Seach gum bi an gàrradh ga chleachdadh airson luchd-tadhail air a' chuid as motha dheth, bidh a' chuid as motha de chosgaisean a' ghàrraidh air an cur fo chaiteachas oifigeil (ged a phàighear airson chosgaisean oifigeil agus pearsanta à teachd-a-steach prìobhaideach A Mhòrachd Rìoghail). Tha an còrr, a thathar a' gabhail ris a bhith a' tighinn às an fheum a bheir Am Prionnsa agus A' bhan-diùc às a' ghàrradh dhaibh fhèin, air a chur fo chaiteachas pearsanta. Ann an Roinn Ceann an Teaghlaich tha Oifigearan Riaghailteach cuideachd (a chumas suas uidheam oifise agus a tha an urra ri stuth, pàipearachas agus carbadan a chur air dòigh) agus Luchd-fàilteachaidh agus tha uallach aice mu shlàinte 's shàbhailteachd agus, leis a' Phoileas, cumail suas tèarainteachd. Buidhnean-carthannais.

Carthannais

Tha Oifis nam Buidhnean-carthannais fo rianachd aig Stiùiriche nam Buidhnean-carthannais, le taic bho Leas-stiùiriche. Tha na cosgaisean aig Oifis nam Buidhnean-carthannais air am pàigheadh le The Prince's Charities Foundation.

Is e prìomh uallach na h-Oifise taic agus comhairle thoirt do bhuidhnean-carthannais Prionnsa na Cuimrigh, gu sònraichte do na 19 eagrachaidhean meadhanach, air cheistean mar riaghladh corporra, poileasaidh mu thabhartasan agus togail-airgid, dealbhachadh agus conaltradh. Fad dà bhliadhna a-nis, tha Oifis nam Buidhnean-carthannais air stiùireadh farsaing fhoillseachadh ri cleachdadh leis na h-eagrachaidhean air fad, air iomhaigh choitcheann a chruthachadh dhaibh – 's e thathar a' gabhail orra còmhla 'Buidhnean-carthannais A' Phrionnsa – agus air stuth fhoillseachadh gus an obair agus na h-euchdan aice chur an cèill.

Bidh Oifis nam Buidhnean-carthannais a' cur conaltradh air dòigh eadar na buidhnean-carthannais cuideachd, a' cuideachadh le cur-an-dreuchd chathraichean is urrasairean agus a' cumail sùil air beachdan is air tionnsgnaidhean ùra. Tha i cuideachd air companaidh-malairt ùr a chur air stèidh mar thaic ri caochladh thionnsgnaidhean mar an 'Concert for Diana' a chuir am Prionnsa Uilleam is am Prionnsa Araidh air dòigh mar chuimhneachan air am màthair, an gèam iomain-ghallta 'Friendship Cup' eadar na h-Innseachan is Pakistan agus am prògram-aithriseachd telebhisein 'Stairway to Heaven'. Thathar air companaidh fa leth, Traditional Arts Limited, a stèidheachadh cuideachd gus bathar a tha stèidhichte air oileanaich aig Sgoil ealain Dhùthchasach A' Phrionnsa a leasachadh is a reic. Rinn Oifis nam Buidhnean rianachd air tionnsgnadh Accounting for Sustainability A' Phrionnsa ann an 2007-08 cuideachd.

CUAIRTEAN BLIADHNAIL

Bidh Am Prionnsa 's A' Bhan-diùc a' tadhal air Alba 's air a' Chuimrigh turas no dhà a h-uile bliadhna agus a' fuireach fad seachdain-obrach aig Lùchairt Thaigh an Ròid ann an Alba agus airson sreath ghnòthaichean anns a' Chuimrigh. Thàinig cosgais nan turas seo, a bhuineas do dh'fhàilteachadh air a' chuid as motha, gu £57,677 ann an 2007-08, agus thathar ga chur fo 'aoigheachd oifigeil'.

COSGAISEAN OIFIGEIL AIR AN SGRÙDADH A RÈIR CEANN CAITEACHAIS

Thathar air an caiteachas a sgrùdadh agus a mhìneachadh sna h-earrainnean roimhe seo a rèir roinne. Sa chlàr seo a leanas tha sgrùdadh air caiteachas air dleastanasan oifigeil agus air obair-charthannais a rèir cuspair.

| Bliadhna gu ruige 31 Màrt | £000an 2008 | £000an 2007 |
|---|----------------|----------------|
| Cosgaisean luchd-obrach | 5,444 | 4,800 |
| Ullachadh, fastadh agus sochair luchd-obrach | 174 | 159 |
| Siubhal agus teachd-an-tìr (cosgais charbad san àireamh) | 227 | 221 |
| Faraidhean comhairle agus dreuchdail air an taobh a-muigh | 125 | 188 |
| Aoigheachd agus fàilteachadh oifigeil | 416 | 391 |
| Tabhartasan agus tiodhlacan | 40 | 50 |
| Feuman | 139 | 162 |
| Ionadan-còmhnaidh agus oifisean nach eilear a' pàigheadh air an son a-mach às an Tabhartas-mar-Chuideachadh | 419 | 417 |
| Seirbheis nam meadhanan is seirbheisean fiosrachaidh | 112 | 114 |
| Pàipearachas agus uidheamachadh oifise | 183 | 215 |
| Coimpiutairean agus siostaman fiosrachaidh | 321 | 195 |
| Taigheadas agus glanadh | 132 | 106 |
| Àrachas | 49 | 46 |
| Gàrraidhean | 63 | 41 |
| Ìsleachadh | 153 | 155 |
| Iomlan | 7,997 | 7,260 |

Tha beagan de na h-eadar-dhealachaidhean eadar an caiteachas an-dràsta agus caiteachas na bliadhna roimhe air am mìneachadh gu h-ìseal.

Tuarastal

Buinidh cosgaisean luchd-obrach £5.444 don 111 de luchd-obrach le tuarastal, cuibhreannan Àrachais Nàiseanta, cuibhreannan peinnsein (le pàighidhean a bharrachd tron bhliadhna gus easbhaidh ann am maoin nam peinnsein a dhèanamh suas) agus sochairean eile air an gabhail a-steach. Tron bhliadhna, thathar air barrachd luchd-obrach fhastadh gus an sgioba-rianachd a neartachadh agus mar luchd-obrach aig Taigh Chlarence.

Faraidhean comhairle agus dreuchdail air an taobh a-muigh

Tha faraidhean laghail agus sgrùdaidh mar chuid de na faraidhean comhairle 's dreuchdail.

Aoigheachd agus fàilteachadh oifigeil

Tha aoigheachd oifigeil a' gabhail a-steach fàilteachadh, lòn agus dinnearan aig Taigh Chlarence, ann an Seòmar nan Ubhal ann an Highgrove, Taigh an Ròid agus caochladh ionadan eile. Tha cumail suas agus màl air Seòmar nan Ubhal mar chuid de na cosgaisean.

Coimpiutairean agus siostaman fiosrachaidh

Is e uidheamachadh agus seirbheisean a bharrachd as coireach ris an àrdachadh air caiteachas am-bliadhna.

Feuman

An dèidh rannsachadh mu luach air airgead, thathar air cunnraidhean nas èifeachdaiche a thaobh cosgais a shocrachadh.

CUNNTAS SEASMHACHD

Bliadhna gu ruige 31 Màrt

2008
£000an2007
£000an**Caiteachas oibreachaidh (Teaghlach a-mhàin)**

| | | |
|------------------|-------|-------|
| Lùth | 150 | 153 |
| Siubhal Oifigeil | 1,157 | 1,485 |
| Uisge | 15 | 13 |
| Sgudal | - | - |

Caiteachas air seasmhachd (Teaghlach a-mhàin)

| | | |
|--|-----|-----|
| Lùghdachadh air brùchdadh CO ₂ no co-ionann | 498 | 154 |
| Stuth air a cheannach an aghaidh carbon | 23 | 19 |
| Lùghdachadh ìre uisge a chleachdar | 69 | - |
| Lùghdachadh air sgudal | 7 | - |

Bliadhna gu 31mh Màrt

2008
tunnaichean2007
tunnaichean**Brùchdadh CO₂ no co-ionann**

| | | |
|---|--------------|--------------|
| Teaghlach | | |
| Siubhal Oifigeil | 1,428 | 1,494 |
| Siubhal eile, siubhal luchd-obrach gu obair san àireamh | 711 | 1,014 |
| Lùth – teasachadh, uisge teth is solais | <u>656</u> | <u>917</u> |
| | 2,795 | 3,425 |
| Tuath a' Bhaile | | |
| Lùth | 269 | 294 |
| CH ₄ agus N ₂ O bho rianachd air beathaichean agus todhar | 1,805 | 1,686 |
| Bàrr, talamh-feuraich agus tùsan ele | 503 | 452 |
| Forsaireachd | <u>(118)</u> | <u>(118)</u> |
| | 2,459 | 2,314 |
| Stuth-mathachaidh brèige | - | - |

Brùchdadh iomlan CO₂ no co-ionann**5,254****5,739**

Bliadhna gu 31mh Màrt

2008
MWh2007
MWh**Lùth**

| | | |
|--|--------------|--------------|
| Teaghlach | | |
| Dealain bho thùsan so-ath-nuadhachaidh | 383 | 29 |
| Dealain eile | 386 | 788 |
| Gas is ola | <u>2,100</u> | <u>2,125</u> |
| | 2,869 | 2,942 |
| Tuathanas-baile na Diùcachd | | |
| Dealain – tùsan uile | 212 | 206 |
| Gas, ola is diesel | <u>849</u> | <u>778</u> |
| | 1,061 | 984 |

Lùth iomlan**3,903****3,926**

Bliadhna gu ruige 31mh Màrt

2008

2007

Goireasan nàdarra eile

| | | |
|--------------------------------------|-------|-------|
| Teaghlach | | |
| Uisge, m ³ ('000 liotair) | 8,113 | 7,548 |
| Pàipear an urra làn-thìde cg | 44 | 56 |

Tuath a' Bhaile

| | | |
|--------------------------------------|--------|--------|
| Uisge, m ³ ('000 liotair) | 15,692 | 19,570 |
|--------------------------------------|--------|--------|

Tha an Teaghlach air gabhail ris an fhrèam-aithisge Accounting for Sustainability a chaidh a chur air bhog o chionn ghoirid agus air a' chiad bhliadhna dheth thathar air an ìre de dh'athisgean àrainneachd aige àrdachadh gus fiosrachadh a thoirt a-steach mu bhrùchdadh gas thaighean-glainne agus buaidhean cudromach eile a thaobh na h-àrainneachd.

Brùchdadh gas thaighean-glainne**5,254 tunnaichean CO₂e**

Bidh brùchdadh CO₂ ag èirigh mar thoradh air obair an Teaghlaich mar thaic ri nan Urramach Rìoghail agus bhon ghnòthach a ghabhas Am Prionnsa agus A' Bhan-diùc os làimh iad fhèin. Tha farsaingeachd de thùsan ann mar theasachadh is soillseachadh oifisean, siubhal gnìomhachais eadar ionadan agus siubhal luchd-obrach gu obair is dhachaigh. Tha siubhal san Rìoghachd Aonaichte agus air feadh an t-saoghail a tha na cuid bhunaitich de dh'obair nan Urramach Rìoghail air a thoirt a-steach cuideachd.

Am-bliadhna chaidh adhartas mòr a dhèanamh gus lorg CO₂ an Teaghlaich a lùghdachadh, le atharrachaidhean air ullachaidhean siubhail nan cuideachadh mòr. Tha a' bhuidhe air an àrainneachd na gnòthach cudromach nuair a bhios ullachaidhean gan cur air dòigh. Bidh an Teaghlach a' feuchainn ris a' bhuidhe seo a chumail aig an ìre as ìsle an dèidh beachd a ghabhail air tèarainteachd, giùlan, cosgais agus ceistean eile. Tha carbadan Jaguar, Audi agus Range Rover A' Phrionnsa agus, bhon t-Sultain 2007, an Trèana Rìoghail, a' ruith air ola còcaireachd air a caitheamh. Seach gu bheil an ola na corra bhon chiad cleachdadh, chan eil feum barrachd talmhainn san Rìoghachd no an àite sam bith eile àiteachadh gus bith-chonnadh a dhèanamh. Tha Aston Martin A' Phrionnsa a' ruith air bioethanol air a dhèanamh à fuigheall fiona.

Thathar air caomhnadh a dhèanamh ann an teasachadh, uisge teth is soillseachadh, le fiosrachadh mun deidhinn san ath earrainn. An-uiridh shocraich an Teaghlach amas brùchdadh CO₂ iomlan a lùghdachadh 12.5 a-mach às a' cheud ro 2012. Ged a bhios an dèanadas ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna, air a' chuid as motha mar thoradh air siubhal oifigeil thall thairis air a ghabhail os làimh air iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin agus a' Cho-fhlaitheis, chaidh an t-amas airson còig bliadhna a thoirt gu buil air a' chiad bhliadhna, le lùghdachadh 18 a-mach às a' cheud ann.

Chan eil an t-amas ri lùghdachadh air brùchdadh gas thaighean-glainne bho àiteachas aig Tuath a' Bhaile a ghabhail a-steach fhathast. Thathar air am brùchdadh seo a mheas airson 2007-08 aig 2,459 tunnaichean CO₂ no co-ionann ris. Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn air duilleag 57.

Tha cuid den chaomhnadh a rinneadh am-bliadhna nach dèanar a-rithist. Chan eilear a' barantachadh gum bi car an aon ìre de lùghdachadh ann sna bliadhnaichean air thoiseach agus dh'fhaodadh gum bi bliadhnaichean ann nuair a tha àrdachadh air a' bhrùchdadh iomlan. Ach tha sgrùdadh ga dhèanamh air caochladh thionnsgnaidhean gus a dhèanamh cinnteach gun tèid lorg an Teaghlaich sìos anns an ùine fhada agus mar thoradh air barrachd is barrachd iomagain mu atharrachadh na tìde thathar air an amas ri lùghdachadh àrdachadh bho 12.5 a-mach às a' cheud gu 25 a-mach às a' cheud ro 2-012 an coimeas ri ìrean 2007. Tha an Teaghlach cuideachd ag obair le Fòram na h-Ùine air Thoiseach gus amasan iomchaidh aontachadh airson an tuathanais. Thathar air dearbhadh neo-eisimeileach a dhèanamh air brùchdadh CO₂ an teaghlaich ann an 2008.

Is e lùghdachadh air brùchdadh gas thaighean-glainne a' chiad cheum is an ceum as cudromaiche gus lorg CO₂ a thoirt chun na h-ìre as ìsle. Thathar air an còrr den bhrùchdadh a chur an aghaidh farsaingeachd thionnsgnaidhean den chiad ìre a' bualadh air leasachadh seasmhachd san Rìoghachd Aonaichte 's thall thairis. Tha lùghdachaidhean a thaobh siubhail oifigeil thall thairis mar chuid den chaiteachas am-bliadhna.

'S e th' ann an cleachdadh lùtha an teasachadh, an t-uisge teth 's an soillseachadh airson nan oifisean 's nan ionad-còmhnaidh uile. Tha an cleachdadh iomlan air tuiteam am-bliadhna mar thoradh air caochladh cheumannan mar chur-a-steach nan goileadairean a tha èifeachdach a thaobh lùtha ann an Taigh Chlarence agus a bhith a' cleachdadh bhorgan-solais a chaomhnas lùth. Thathar a' cur feum air fiodh air a rianachd a thaobh seasmhachd seach gas ann an cuid a dh'oighreachd Highgrove agus thathar air goileadar shliseagan a chur ann am Birkhall cuideachd. Tha sinn a' dèanamh sgrùdadh an-dràsta feuch an gabh barrachd feum cur air tùsan lùtha eile ann an Highgrove. Tha an Teaghlach air cuideachadh a thoirt cuideachd gus an ìre de sholar an dealain a tha a' tighinn bho thùsan so-ath-nuadhachaidh agus bho thùsan nas seasmhaiche àrdachadh. Bho là gu là, tha ceumannan gan gabhail a tha simplidh ach èifeachdach gus uidheam a tha èifeachdach a thaobh lùtha thoirt a-steach an àite an stuth nas sine 's dèanamh cinnteach gun cuir an luchd-obrach solais agus uidheam dheth nuair nach eilear gan cleachdadh.

Goireasan nàdarra eile

Uisge

A bharrachd air a' chleachdadh uisge àbhaisteach bho là gu là sna h-oifisean is sna h-ionadan-còmhnaidh, tha cleachdaidhean a bhuineas don Teaghlach gu sònraichte mar sholarachadh aig fàilteachadh agus an gàrradh is an tuathanas ann an Highgrove.

Gus uisge a ghleidheadh, thathar air caochladh thionnsgnaidhean a ghabhail os làimh. Tha uisge bho na mullaichean agus uisge-glas bho sheòmraichean-ionnlaid ga chruinneachadh gus a chleachdadh a-rithist sna gàrraidhean sna h-ionadan-còmhnaidh, le siostam ùr a chaidh a chur a-steach ann am Birkhall o chionn ghoirid. A bharrachd air seo, tha uisge ga chruinneachadh gus an t-uidheam-failcidh ann an Seòmar nan Ubhal ann an Highgrove a shruthladh.

Sa chiad bhliadhna a tha aithisg air a son, tha cleachdadh an uisge a' gabhail a-steach Taigh Chlarence agus Highgrove ach chan eil nan ionadan anns nach eil innealan-tomhais an-dràsta. Sna bliadhnaichean ri teachd, thèid beachd a ghabhail air dòighean a chuireas ris an dòigh san cumar sùil air cleachdadh an uisge 's cleachdadh a lùghdachadh tuilleadh.

Pàipear agus Sgudal

Thathar a' cumail sùil air an ìre de phàipear a thathar a' caitheamh seach gur e aon de na cleachdaidhean as motha de thùsan nàdarra san Teaghlach. Thuit an ìre de phàipear a tha gach ball den sgioba a' cleachdadh bho 56cg gu 44cg ann an 2007-08.

Tha iomradh air gach duilleag pàipeir ach chan eil pàipearachas eile mar chèisean air a ghabhail a-steach fhathast. Gus an cleachdadh a lùghdachadh tuilleadh, tha tionnsgnaidhean mar chleachdadh conaltraidh ann an cruth dealanach gan cur an gnìomh, a chuireas ri na ceumannan a th' ann mar-thà mar chlà-bhualadh air an dà thaobh.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air sgudal a chuidich gus raointean tàbhachtach a chomharrachadh gus sgudal a lùghdachadh agus tha raon nas fharsainghe de stuth ga ath-chuartachadh a-nis.

Tuath a' Bhaile

Thathar air Tuath a' Bhaile ann an Highgrove a ruith mar thuathanas organach bho 1996 agus tha tuathanachas-bainne, mairtfheoil, caoraich is mucan ann a bharrachd air torachas àitich agus glasraich.

Am measg nam buannachdan as motha ceangailte ri tuathanachas organach tha gun a bhith cleachdadh stuth-plàighe no stuth-mathachaidh brèige agus modhan àraich aig ìre nas isle a chuireas barrachd cuideim air sochair ainmhidhean. Le bhith cur stiallagan feòir mu achaidhean agus a' cur challaidean cha bhi luibhearnach a' ruigsinn air bàrr agus tha àrainn-chòmhnaidh phrìseil ga cur air dòigh airson nan eun, nan dealan-dè 's nam beathaichean beaga eile a chuireas às do phlàigh. Le bhith a' seachnadh stuth-plàighe tha barrachd eugsamhlachd de dh'fiadh-bheatha ann cuideachd is cha bhi stuth-plàighe ann an uisge na talmhainn.

Thathar air am brùchdadh gas thaighean-glainne a thig à Tuath a' Bhaile a mheas a'airin am-bliadhna aig 2,459 tunnaichean de CO₂ no co-ionann ris agus airson 2007 2,314 tunnaichean. Chaidh na h-àireamhan seo a mheas tro mhodhan-obrachaidh àbhaisteach gus brùchdadh gas thaighean-glainne ag èirigh à àiteachas anns an Rìoghachd Aonaichte a thomhais, a' cur feum air fiosrachadh mu àireamhan stuic, dèanamh bhàrr agus cleachdaidhean-rianachd bunaiteach. Tha e doirbh a bhith neo-mhearachdach nuair a bhios brùchdadh à tuathanasan ga thomhais agus tha am modh-obrachaidh air a chruthachadh gus measadh reusanta a thoirt air adhbharan rianachd. Thathar a' gabhail ri rudan sònraichte gus an gnothach a dhèanamh nas simplidhe 's chan eil tomhasan cruinn bhon tuathanas fhèin air an cleachdadh idir. Mar eisimpleir, thathar a' gabhail ris gum bi ìre shònraichte de mhethane ga sgaoileadh aig a h-uile seòrsa eadar-dhealaichte de stoc a h-uile bliadhna. Tha brùchdadh methane le stoc air a mheas barrachd is trian de lorg-coise uile an tuathanais a ghabhail.

A rèir mar a bhios an modh-obrachaidh agus an dòigh sa bheil ga chleachdadh ag atharrachadh ri tìde is dòcha gun atharraich feadhainn de na tomhasan bunaiteach agus an lorg-coise mu dheireadh ga rèir sin.

An-dràsta chan eil brùchdadh carbon no tasgadh carbon a bharrachd ag èirigh à rianachd air an ùir air an gabhail a-steach gu h-uile mar chuid den lorg-coise ach dh'fhaodadh na cleachdaidhean tuathanais air Tuath a' Bhaile an-dràsta dòigh chudromach a thoirt seachad gus carbon a thasgadh agus am brùchdadh slàn a lùghdachadh.

Thathar air am preas coillteach miscanthus a chur nach eil freagarrach gu bàrr agus dh'fhaodadh seo bith-chonnadh a chruthachadh mar lùth so-ath-nuadhachaidh. Thathar air fearann-coille ùr a chruthachadh cuideachd le preasarlach calltainn mar thùs so-ath-nuadhachaidh de bhith-chonnadh agus callaidhean ùra a chur air feadh an àite.

Tha stuth-mathachaidh brèige gu math dian a thaobh lùtha ri cruthachadh is ri giùlan agus ann a bhith gan seachnadh thathar air tòrr lùtha a ghleidheadh. Tha ceumannan eile gan gabhail aig Tuath a' Bhaile cuideachd gus cleachdadh lùtha a lùghdachadh mar phannal teasachadh-uisge grèine don taigh-bhainne. Thathar a' beachdachadh air tionnsgnaidhean eile, cleachdadh barrachd de thùsan lùtha eile nam measg.

LEASACHAN

UALLAICHEAN RIANACHD AIG AN ÌRE AS ÀIRDE

An Ridire Micheal Peat

Priomh Rùnaire Priobhaideach

- An urra ris an Teaghlach agus an Oifis
- Gnothaichean bun-reachdail, stàite agus sheirbheisean
- An Eaglais (an Eaglais Chaitligeach Ròmanach san àireamh)
- Cathraiche air The Prince's Charities Foundation
- Diùcachd na Còirn
- Duchy Originals Limited
- Na h-Oighreachdan Priobhaideach
- The Prince's Rainforests Project

Elizabeth Buchanan

Rùnaire Priobhaideach

- Stiùireadh air a' phrògram 's air an leabhar-là
- Gnìomhachas cunntachail, Business in the Community and In Kind Direct san àireamh
- Gnìomhachas cunntachail, Business in the Community and In Kind Direct san àireamh
- Àiteachas agus gnothaichean dùthchail eile
- An àrainneachd nàdarra a' gabhail a-steach The Prince's Business & the Environment Programme agus iasgach
- Am Poileas

Richard Pattle

Ceann an Teaghlach, le cuideachadh bho Andrew Farquharson

Leas-cheannard an Teaghlach

- Stiùireadh air fàilteachadh is aoigheachd
- Sgiobachd agus luchd-obrach dachaigheil
- Na h-ionadan-còmhnaidh 's na gàrraidhean
- Tèarainteachd is dìomhaireachd
- Uallach Sòisealta
- Tuathanas-baile na Diùcachd

Leslie Ferrar

Ionmhasair le cuideachadh bho Chlara Pearce, Rianadair Ionmhais agus Leas-ionmhasair, Polly McGivern, Ionmhasair-cuideachaidh (Lagh is Malairt), Mimi Watts, Ceann Sgiobachd is Rianachd, agus David Hutson, Ionmhasair-cuideachaidh is Rianadair nan Clàr

- Uallach airson gnothaichean ionmhais, cunntasachd agus tasgaidh
- Sgiobachd
- Teicneolas-fiosrachaidh
- Cunntasan
- Clàran
- Foillseachadh, gnothaichean malairt, chunraidhean is laghail
- Cathraiche air A G Carrick
- Stiùiriche Duchy Originals agus Traditional Arts Ltd
- Stiùireadh air iomhas aig The Prince's Charities leis an Stiùiriche, The Prince's Charities
- Charitable Foundation nan Stàitean Aonaichte

Paddy Harverson

Rùnaire Conaltraidh, le cuideachadh bho Phatrick Harrison,

Rùnaire nam Meadhanan

- Gnothaichean nam meadhanan uile airson Prionnsa na Cuimrigh, Ban-diùc na Còirn, nam Prionnsaichean Uilleam agus Harru agus Diùcachd a' Chùirn

Sir Tom Shebbeare

Stiùiriche, Buidhnean-carthannais A' Phrionnsa, le cuideachadh bho Dhauid Evans is Ann Chant, Leas-stiùirichean

- Ro-innleachd agus co-òrdanachadh, Buidhnean-carthannais A' Phrionnsa, togail-airgid agus riaghladh gu h-àraidh
- Stiùiriche-rianachd air The Prince's Charities Foundation

[Jamie Lowther-Pinkerton](#)

Rùnaire Priobhaideach don Phrionnsa Uilleam 's don Phrionnsa Araidh

- Toirt comhairle do na Prionnsaichean mu dhreuchdan, taic airson carthannas agus gnothaichean eile agus cur air dòighean ghnòthaichean oifigeil

[Clive Alderton](#)

Leas-rùnaire Priobhaideach

- Gnothaichean thall thairis, tursan thall thairis san àireamh
- Leasachadh eadar-nàiseanta, The Prince of Wales's International Business Leaders Forum san àireamh
- Luchd-creideimh
- The Prince's School of Traditional Arts

[Mark Leishman](#)

Leas-rùnaire Priobhaideach

- Alba, eagrachaidhean Prionnsa na Cuimrigh ann an Alba san àireamh
- Slàinte, The Prince's Foundation for Integrated Health san àireamh
- Foghlam, The Prince's Teaching Institute san àireamh
- Ciorram
- Seann daoine, PRIME san àireamh

[Manon Williams](#)

Leas-rùnaire Priobhaideach

- A' Chuimrigh
- An àrainneachd air a togail, The Prince's Foundation for the Built Environment san àireamh
- Dileab, The Prince's Regeneration Trust san àireamh
- The Prince's Drawing School
- Ealain, Arts & Business is The Prince's Foundation for Children & the Arts san àireamh
- PRIME-Cymru

[Joy Camm](#)

Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh (pàirt-thìde)

- Eagrachadh agus co-òrdanachadh air gnothaichean, obair-charthannais agus leabhar-là Ban-diùc na Còirn

[Sophie Densham](#)

Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh

- Eagrachadh agus co-òrdanachadh air gnothaichean, obair-charthannais agus leabhar-là Ban-diùc na Còirn

[Amanda MacManus](#)

Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh (pàirt-thìde)

- Eagrachadh agus co-òrdanachadh air gnothaichean, obair-charthannais agus leabhar-là Ban-diùc na Còirn

[Jonathan Hellewell](#)

Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh

- The Prince's Trust
- Ceann a Tuath na h-Èireann
- Roinn nan Litrichean, fo cheannas Claudia Holloway, Ceann Litrichean

[Shilpa Sinha](#)

Rùnaire Priobhaideach Cuideachaidh

- An Co-fhlaitheas
- Luchd-creideimh
- Leasachadh seasmhach sna h-Innseachan, Urras Bhumi Vardaan san àireamh

Ceann-feachd Jayne Casebury (gu 27 Ògmhios 2008) agus am Màidsear Will Mackinlay (bho 9 Ògmhios 2008)

Eachraiche

- Feachdan an Airm agus na Seann Saighdearan
- Prògram, leabhar-là, siubhal agus giùlan
- Cur-an-seilbh
- Seirbheisean Èiginn (ach a-mhàin am Poileas)
- Spòrs, luchd-rannsachaidh siubhail

Virginia Carington

Leas-cheannard an Teaghlaich

- An Cruinneachadh Rìoghail
- Litrichean pearsanta agus coinneamhan pearsanta

THE PRINCE'S CHARITIES

'S e th' ann an The Prince's Charities eagrachaidhean nach bi ag obair airson prothaid air a bheil Prionnsa na Cuimrigh na Cheann-suidhe: Chaidh 17 de na 19 cairtean a chur air stèidh leis A' Phrionnsa fhèin.

'S e a' bhuidheann an iomairt charthannais air iomadh cuspair as motha san Rìoghachd Aonaichte, a' togail còrr is £100 millean a h-uile bliadhna. Tha na h-eagrachaidhean an sàs ann an tòrr raointean, nam measg cothrom is iomairt, an àrainneachd thogte, gnìomhachas cunntachail, foghlam is slàinte. A bharrachd air seo, tha Am Prionnsa air sia iomairtean sòisealta a chur air chois a bheir an cuid phrothaidean do luchd-carthannais.

Tha na buidhnean-carthannais a' nochdadh feallsanachd Prionnsa na Cuimrigh 's bidh iad a' feuchainn ri aghaidh a chur air feumalachdan nach deach a choileanadh roimhe.

COTHROM IS IOMAIRT

The Prince's Trust
www.princes-trust.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7543 1234
Freephone 0800 842 842

The Prince's Scottish Youth Business Trust
www.psybt.org.uk Fòn: +44 (0) 141 248 4999

PRIME
www.primeinitiative.org.uk
www.primebusinessclub.com Fòn: +44 (0) 20 8765 7833

PRIME-Cymru
www.prime-cymru.co.uk Fòn: +44 (0) 1550 721 813

FOGHLAM

The Prince's Drawing School
www.princesdrawingschool.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8568

The Prince's School of Traditional Arts
www.psta.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

The Prince's Teaching Institute
www.princes-ti.org.uk Fòn: +44 (0) 20 3174 3106

The Prince's Foundation for Children & the Arts
www.childrenandarts.org.uk Fòn: +44 (0) 20 3326 2230

AN ÀRAINNEACHD THOGTE

The Prince's Foundation for the Built Environment
www.princes-foundation.org Fòn: +44 (0) 20 7613 8500

The Prince's Regeneration Trust
www.princes-regeneration.org Fòn: +44 (0) 20 7462 6440

Turquoise Mountain Foundation
www.turquoisemountain.org Fòn: +44 (0) 1764 655 226

The Great Steward of Scotland's Dumfries House Trust
www.dumfries-house.org.uk Fòn: +44 (0) 1290 425 959

GNOTHACHAS CUNNTACHAIL

Business in the Community
www.bitc.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7566 8650

Scottish Business in the Community
www.sbcscot.com Fòn: +44 (0) 131 451 1100

The Prince of Wales International Business Leaders Forum
www.iblf.org Fòn: +44 (0) 20 7467 3600

In Kind Direct
www.inkinddirect.org Fòn: +44 (0) 20 7714 3930

Arts & Business
www.AandB.org.uk Fòn: +44 (0) 20 7378 8143

The Prince of Wales's Business & the Environment Programme
www.cpi.cam.ac.uk/bep Fòn: +44 (0) 1223 332 772

SLÀINTE

The Prince's Foundation for Integrated Health
www.fih.org.uk Fòn: +44 (0) 20 3119 3100

IOMAIRT SHÒISEALTA

Duchy Originals
www.duchyoriginals.com Fòn: +44 (0) 20 8831 6800

North Highland Initiative
Airson cheistean, cuiribh post-dealain gu:
Robert Gray (argee6@hotmail.com)

www.mey-selections.com (bathar)
www.northhighlandsscotland.com (turasachd)

The Highgrove Shop
www.highgroveshop.com Fòn: +44 (0) 1666 505 243

Traditional Arts Ltd
www.traditionalarts.co.uk Fòn: +44 (0) 20 7033 4950

Turquoise Mountain Arts
www.turquoisemountainarts.af Fòn: +93 (0) 799 34 17 25